

## Geàrr-chunntas Gnìomha bho Brathan Naidheachd is Toraidhean na RA bho 2007

‘S e sgrùdadh sònraichte de ghoireasan nàdarra dùthaich na RA a th’ ann an Sgrùdadh Dùthchail. Tha e a’ gabhail a-steach sgrùdadh làraich mionaideach de dh’àrainnean, fàs-bheatha, uisgeachan is talmhaichean air feadh Shasainn, Alba agus na Cuimrigh. Tha sgrùdadh eile air àrainnean ga gabhail os làimh ann an Èirinn a Tuath agus far a bheil toraidhean sam bith gan tarraing còmhla airson am foillseachadh dhan RA. Tha na toraidhean air an cleachdadh ann an rannsachadh saidheansail agus airson fiosrachadh a thaobh leasachadh poileasaidh airson rianachd na dùthcha.

Chaidh a’ chiad Sgrùdadh Dùthchail a dhèanamh ann an 1978 agus thathas air a leasachadh is air a leudachadh gach uair a chaidh a gabhail os làimh ann an 1984, 1990, 1998 agus 2007. Thathas a’ cruinneachadh dàta tro dhòighean mionaideach saidheansail gus an gabh coimeas a dhèanamh eadar sgrùdaidhean a tha a’ leantainn a chèile is feadhainn bho na bliadhnanachan roimhe. Tha cruinneachadh dàta thar ùine ga dhèanamh comasach atharrachaidhean mall-cheumach is beaga ann an dùthaich na RA a lorg, a sgrùdadh is a cheangal ri nithean a dh’fhaodadh an adhbhrachadh. Ann an 2007, chruinnich na sgiobaidhean sgrùdaidh dàta bho 591 cheàrnag sampail (1.0km x 1.0km) ann am Breatainn agus 288 ceàrnagan sampail (0.5km x 0.5km) ann an Èirinn a Tuath. Chaidh an dàta làraich seo a chlàradh gu dealanach a’ cleachdadh teicneòlas glacaidh ùr didseatach.

Tha toraidhean ìre RA den sgrùdadh mu dheireadh gam foillseachadh ann an dà aithisg:

- Sgrùdadh Dùthchail – Brathan Naidheachd RA bho 2007
- Sgrùdadh Dùthchail – Toraidhean na RA bho 2007

Tha corra lethbhreac cruaidh den aithisg “Brathan Naidheachd RA bho 2007” ri fhaighinn (fios gu : [countrysidesurvey@ceh.ac.uk](mailto:countrysidesurvey@ceh.ac.uk)) agus faodar na dhà a luchdachadh a-nuas bho làrach-lìn an Sgrùdaidh Dhùthchail aig [www.countrysidesurvey.org.uk](http://www.countrysidesurvey.org.uk)

Chleachd Brathan Naidheachd RA toraidhean 2007 gus sreath cheistean a bh’ air èirigh bho Sgrùdaidhean Dùthchail eile a fhreagairt no feadhainn a bha co-cheangailte ri leasachaidhean poileasaidh a thachair o chionn ghoirid. Chan ann airson na toraidhean uile bhon Sgrùdadh Dùthchail a chòmhachadh a tha iad ach airson prìomh bhuilean a thoirt am bàrr air thoiseach air na toraidhean. Tha na ceistean ris an deach dèiligeadh a’ gabhail a-steach na leanas:

- A bheil iomadachd luibheach air atharrachadh air an dùthaich?
- A bheil ceàrnaidh is staid Àrainnean Farsaing air atharrachadh?
- A bheil truailleadh èadhair is susbaintean beathachaidh air buaidh a thoirt air lusan is talmhaichean?
- A bheil dùmhlachd gualain ann an talmhaichean (0-15cm) air atharrachadh?
- A bheilear air buaidh atharrachadh gnàth-shìde a lorg?

Tha Toraidhean RA bho 2007 a’ foillseachadh geàrr-chunntas nas òrdaile de thoraidhean 2007 ann an seòrsaichean àrainnean agus tha iad a’ gabhail a-steach sealladh nas fharsainge air an Dealbh Nàiseanta agus air an Dòigh-obrach. Tha an aithisg a’ toirt seachad nan toraidhean a th’ air cùl nan Ceann Naidheachdan agus barrachd fiosrachaidh. Tha gach caibideil a’ tòiseachadh le geàrr-chunntas de na prìomh thoraidhean agus an uairsin na toraidhean measte: ceàrnaidhean is atharrachaidhean àrainnean; caochlaidhean eadar àrainnean, atharrachaidhean ann an staid fàs-bheatha agus atharrachaidhean ann an suidheachaidhean talmhainn. Tha an aithisg a’ gabhail a-steach beagan mìneachaidh de na toraidhean, ach cha bu chòir gabhail rithe mar mhìneachadh slàn de na h-atharrachaidhean a lorgar. ‘S e rannsachadh san àm ri teachd a mhinicheas na cinn-fàth is na teannachaidhean a dh’adhbhraich na h-atharrachaidhean. Tha na toraidhean taghte a th’ air an taisbeanadh an seo a’ foillseachadh leud is doimhneachd na còmhachadh ann an Toraidhean na RA.

- Mheudaich ceàrnaidh nan Àrainnean Farsaing: Fearann Choilltean Leathann-duilleach, Fearann Feurach Leasaichte, Fearann Feurach Neo-rèiteachail, Fearann Feurach Searbhagach agus Àrainnean Farsaing nan Uisgeachan Marbh, fhad 's a lùghdaich Àrainnean Farsaing Àitich is Rainich. Cha do mheudaich ceàrnaidh na h-Àrainn Fharsaing Thogalaichean is Ghàrraidhean san àrainneachd dhùthchail [toraidhean 1998-2007 na RA].
- Chòmhdaich Fearann Feurach leasaichte roinn mheaste de 5.1 millean ha, meudachadh de 6% [toraidhean 1998-2007 na RA]. Bha am meudachadh seo an coimeas ri lùghdachadh bho 1984 gu 1998.
- Lùghdaich fad nan callaidean a bhathas roimhe air a rianachadh 6%. Thàinig mòran dhiubh sin gu bhith nan sreathan chraobh agus nan seann challaidean [toraidhean 1998-2007 Bhreatainn].
- Cha robh atharrachadh sam bith ann am beairteas ghnèithean lusan ann an achaidhean, coilltean, am monaidhean is mòintich [toraidhean 1998-2007 Bhreatainn].
- Cha deach atharrachadh a lorg ann am beairteas ghnèithean lusan ann am Fearann Choilltean Leathann-duilleach [toraidhean 1998-2007 Bhreatainn], ach bha isleachadh ùine-fhada de 9.3% ann [toraidhean 1990-2007 Bhreatainn].
- Mheudaich gnèithean stritheil lusan ann an achaidhean, coilltean, am monaidhean is mòintich fhad 's a lùghdaich lusan air talamh bàn [toraidhean 1978-2007 Bhreatainn].
- Mheudaich an àireamh a bha a' soirbheachadh ann an àiteachan na bu bhuige de na gnèithean fais-bheatha a chaidh a shampladh [toraidhean 1998-2007 Bhreatainn].
- Uile gu lèir, tha gnèithean lusan neo-dhùthchasach a' dèanamh an-àirde faisg air 2% den chòmhdach fhàis-bheatha air an dùthaich [toraidhean 2007 Bhreatainn].
- Mheudaich beairteas ghnèithean lusan ann an uillt [toraidhean 1998-2007 Bhreatainn].
- Thàinig piseach air staid chorpóra uillt [toraidhean 1998-2007 Bhreatainn].
- Mheudaich pH thalmhaichean (0-15cm) ann an àrainnean nach robh cho searbhagach [toraidhean 1978-2007 Bhreatainn].
- Cha robh atharrachadh mòr sam bith ann an dùmhachd gualain thalmhaichean (0-15 cm) [toraidhean 1978-2007 Bhreatainn].

## Tuilleadh fiosrachaidh

Gheibhear cruinneachadh cunbhalach de gheàrr-chunntas thoraidhean a chaidh a chleachdadh ann an aithisgean na RA bho làrach-lìn an Sgrùdaidh Dhùthchail ann an cruth grafaigeach. Gheibhear an dàta a chaidh a chleachdadh airson na h-aithisgean ullachadh fo chead, an dèidh foillseachadh nan aithisgean aig ìre nan trì dhùthchannan, aithisgean Shasainn, Alba agus na Cuimrigh. Tha mion-sgrùdadh a' leantainn agus thèid tuilleadh fhoillseachadh, a' gabhail a-steach aithisgean air talamh, fìor-uisge agus measadh aonaichte, agus Mapa ùr de Chòmhdach Talmhainn na RA.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Sgrùdadh Dùthchail faic [www.countrysidesurvey.org.uk](http://www.countrysidesurvey.org.uk)

No cuir fios gu : Countryside Survey Project Office, Centre for Ecology and Hydrology, Lancaster Environment Centre, Library Avenue, Bailrigg, Lancaster LA1 4AP

Fòn : 01524 595811; Post-d : [countrysidesurvey@ceh.ac.uk](mailto:countrysidesurvey@ceh.ac.uk)

Chaidh Sgrùdadh Dùthchail ann an 2007 a mhaoinachadh le com-pàirteachas de bhuidhnean a tha maoinichte leis an Riaghaltas is air a stiùireadh le Comhairle Rannsachaidh na h-Àrainneachd Nàdarra (NERC) agus Roinn na h-Àrainneachd, a' Bhidhe agus Chùisean Dùthchail (Defra).

